

# faileas



Fèisean nan Gàidheal's Newsletter • Iris 37 • An Dùbhlachd 2010 • December 2010

## ST ANDREW'S CÈILIDHS



Thug Comhairle na Gàidhealtachd cuireadh gu Fèisean nan Gàidheal cèilidhean a chur air dòigh airson Oidhche Naomh Anndra a chomharrachadh mar phàirt de Fèisean Geamhraidh na h-Alba.

Chaidh còig cèilidhean teaghlach a chur air dòigh, le taic-airgid bhon Chomhairle agus EventScotland, far an robh òigridh bho na Cèilidhean air Chuairt gu bhith air an aon àrd-ùrlar ri seinneadairean Gàidhlig agus còmhlain dannsa. Mar a thachair, ri linn fìor dhroch shìde bha na h-àireamhan de dhaoine a nochd aig na cèilidhean beag, ged a bha e follaiseach bhon fhiosrachadh a fhuair sinn air ais bhon luchd-èisteachd gun do chòrd iad riutha. B' fheudar dhuinn aon chèilidh – ann am Poll Lùbh – a chur dheth leis gun robh na rathaidean dùinte le sneachd.

A dh'aindeoin nan trioblaidean, rinn sinn ar dicheall oidhcheannan a chur air dòigh far an d' fhuair an fheadhainn a bha an làthair blas de chèol, òrain, biadh agus deoch na Gàidhealtachd.



Fèisean nan Gàidheal was invited by the Highland Council to organise cèilidhs celebrating the 2010 St Andrew's Weekend as part of Scotland's Winter Festivals.

Cèilidhs were organised with young people from local Fèis Cèilidh Trails appearing with special guests in village halls in five different locations. Bad weather meant that only four could go ahead with the Poolewe cèilidh being cancelled because roads were closed due to snow. The adverse weather also meant that the audience numbers were small although the feedback indicated that those who were there enjoyed the events.

On Friday 26 November, in Dunvegan Hall, Fèis an Earraich were joined by Gaelic singer Kenna Campbell and her brother Seumas. Completing the line-up was Cherry on the Cream, featuring popular young Skye piper Angus Nicolson.

Roybridge Village Hall was the venue for the Lochaber Cèilidh, with Fèis Lochabair and Fèis Latharna teaming up with Gaelic singer Margaret MacLellan Ford.

On Saturday 27 November, Farr Hall near Inverness hosted its annual St Andrew's Night celebrations with a bonfire and fireworks followed by a cèilidh with the Caledonian Canal Cèilidh Trail, The Broch Inspectors and Hazel Oakley.

Completing the weekend, on Sunday 28 November, Fèis Spè hosted a small cèilidh with Fèisean a' Mhonaidh Ruaidh Cèilidh Trail, Trad in the Park musicians and well-known pianist James Ross and fiddler Sharon Hassan.

Ann an iris seo:

St Andrew's Cèilidhs .....	1
Alba Chruthachail .....	1
Fèis Rois .....	2
Fèis an Iar-Thuath .....	2
Iomairt Chiùil Òigridh .....	3
Fèis Training .....	3
Panto Gàidhlig .....	4



## ALBA CHRUTHACHAIL

Thàinig Alba Chruthachail tron dreach bhuidseat a dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba anns an t-Samhain gun cus lùghdachadh agus tha iad air dearbhadh gu bheil iad a' dol a chumail taic-airgid nam buidhnean bunaiteach aca aig an aon ìre ann an 2011-12 aig an robh i air a' bhliadhna seo. Aig àm far a bheil aig a' mhòr chuid de bhuidhnean poblach ri maoinachadh a lùghdachadh do bhuidhnean mar Fèisean nan Gàidheal, tha sinn a' cur fàilte air an naidheachd seo.

Aig an aon àm, tha Alba Chruthachail gu bhith a' tòiseachadh air lèirmheas de na buidhnean bunaiteach aca airson obrachadh a-mach cò gheibh taic bho 2012 air adhart agus dè an ìre de thaic a bhios ann.

Aig co-labhairt a chuir Alba Chruthachail air dòigh airson nam buidhnean bunaiteach ann an Glaschu san t-Samhain, bha Fèisean nan Gàidheal am measg trì buidhnean a fhuair cuireadh taisbeanadh a dhèanamh a' mìneachadh na h-obrach sa bheil sinn an sàs.

## FÈIS ROIS

Building on the success of Fèis Rois's recent project where the acclaimed arts organisation worked with young people with additional support needs for the first time, Mairearad Green has now been commissioned to write a new composition to give pupils at St Duthus School in Tain the opportunity to engage in creative music making. The pupils will have the opportunity to play music, not only with each other, but with a number of talented young musicians (age 16 – 25) who are previous Fèis Rois participants.

This project will lead to a performance in June 2011, using specialist music technology to enable the pupils and staff of St Duthus School to perform alongside traditional musicians. The young people will use music technology, including sound beams and switches, developed by Drake Music Scotland.

As well as this exciting project, Fèis Rois recently announced its Silver Jubilee programme for 2011 which includes a very special concert at Celtic Connections, a brand new Student Fèis, an expanded and international flavoured Fringe programme at the Adult Fèis and a concert at Eden Court Theatre in Inverness.

Former Fèis Rois Education Officer and award-winning Gaelic songstress, Julie Fowles, will also take up her role as the first ever Fèis Rois Ambassador and will be involved in several events throughout the year.



Fiona Dalgetty & Julie Fowles

## FÈIS LOCHABAIR

After many tireless years as Secretary of Fèis Lochabair, Marion MacDonald has decided to step down from the role. Everybody involved with Fèis Lochabair would like to say a huge heartfelt thank you to Marion for all her hard work in ensuring the successful running of the Evening Classes and the Main Fèis. Don't go too far!

## FÈIS GLEANN ALBAINN

Tha Fèis Gleann Albainn a' ruith nan clasaichean oidhche aca an-dràsta agus mar-thà, tha iad a' coimhead air adhart ri Fèis nan Inbheach agus na tachartasan eile a tha sna planaichean aca airson 2011.

Fèis Gleann Albainn are currently running their evening classes at Cille Chuimein Academy each Monday evening and already have an eye on their Adult Fèis amongst other ventures for 2011!

## FÈIS AN EARRAICH



Fhuair naoinear luchd-ciùil fiathachadh a dhol a dh'Èirinn san t-Samhain airson an t-Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse a riochdachadh fo bhratach Fèis an Earraich aig an tachartas ainmeil Fèis Phiobaireachd Uilleim Ceanadaich a tha air a cumail ann an Àird Mhacha a h-uile bliadhna.

B' e sgioba air leth ealanta a chaidh a-null air Diardaoin 11 Samhain airson còig latha; Ciorstaidh-Anna NicPhàrlain, Rebecca NicDhòmhnaill, Ciorstaidh NicDhùghaill, Bruce MacDhòmhnaill, Raibeart Philips, Hadyn MacCoinnich, Seamus Ó Baoighill, Niall MacLeòid. Thill a' bhuidheann air Diluain 15 Samhain an dèidh turas a bha air leth buannachdail agus spòrsail.

Le taic fhialaidh Cholmcille fhuair a' bhuidheann cothrom coinneachadh ri measgachadh de luchd-ciùil eile às gach ceàrnaidh den t-saoghal, an Òlaind, Canada agus an Spàinn nam measg. A thuilleadh air bùthan-obrach a fhrithéaladh air feadh an turais agus grunn de bhùthan-obrach a ruith ann am bun-sgoiltean air feadh a' bhaile, fhuair na deugairean cothrom cuirmean-ciùil a fhrithéaladh cuideachd a bha air an stiùireadh le sàr luchd-ciùil agus còmhlan ainmeil.

Thuirt Ciorstaidh-Anna NicPhàrlain mun sgrìob, "Abair gun do chòrd an turas rium. Thachair mi ri tòrr dhaoine òga le ùidh ann an ceòl agus dh'ionnsaich mi tòrr rudan ùra nach tèid às mo chuimhne gu bràth. Fhuair sinn deagh chothrom grunn chòmhlan ainmeil fhaicinn, Breabach, Julie Fowles agus an còmhlan aig Iain McSherry nam measg, anns an aon togalach, air an aon oidhche 's chan ann tric a gheibh thu sin! 'S e deagh Fhèis a tha ann am Fèis Phiobaireachd Uilleim Ceanadaich le tòrr chur-seachadan eadar-dhealaichte a' gabhail àite rè na Fèise. Chan eil e na iongnadh gu robh sinn cho sgìth a' tighinn dhachaigh!"

Bu thoil le Comataidh Fèis an Earraich taing shònraichte a thoirt do na buidhnean a leanas a thug seachad taic-airgid mu choinneimh an turais;

Stagecoach (Port Rìgh), Scottish Fuels, Rural Design, MacDougall's Removals and Storage, Taigh-òsta Rìoghail Phort Rìgh, Friseal Mac an t-Saoir.

## FÈIS ÙR AIRSON IAR-THUATH CHATAIBH

Tha a' bhuidheann ionadail Ghàidhlig, Am Parbh, gu math toilichte innse gun d' fhuair iad taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig airson Fèis ùr a thòiseachadh air taobh Iar-Thuath Chataibh. 'S e buidheann saor-thoileach a th' anns Am Parbh, a chaidh a stèidheachadh gus Gàidhlig a leasachadh sa bhrosnachadh ann an Sgìre Eadar-dà-chaolais agus Dhiùranais 's thathar an dòchas gum bi an Fhèis mar phàirt de shreath ùr de thachartasan is cur-seachadan do gach aois.

Thèid Fèis an Iar-Thuath a chumail ann an Sgobhairigh sa Ghearran agus bidh i fosgailte do chlann eadar còig agus ochd bliadhna deug a dh'aois. Gheibh com-pàirtichean teagasg ann an ceòl agus dannsa traidiseanta, dràma agus Gàidhlig agus bidh cèilidh neo-fhoirmeil ann, fosgailte dhan a h-uile duine, airson crìoch a chur air an tachartas. Fhad 's a bhios an Fhèis a' ruith, bidh cothrom aig buill a' chomataidh agus pàrantan pàirt a ghabhail ann an clas Gàidhlig gach latha airson an cuid Gàidhlig a thoirt air adhart.

## NEW FÈIS FOR NORTH WEST SUTHERLAND

Local Gaelic group, Am Parbh are delighted to announce they have received funding from Bòrd na Gàidhlig to establish a new Fèis in North West Sutherland. Am Parbh is a voluntary group which has been established to develop and promote Gaelic throughout the parishes of Eddrachilles and Durness and it is hoped the new Fèis will kick start a series of events and activities for all ages.

Fèis an Iar-Thuath will take place in Scourie, in February and will be open to children aged between five and eighteen. Participants will receive tuition in traditional music, dance and drama as well as Gaelic language and the event will be rounded off with an informal cèilidh open to all. The Fèis will also offer committee members and parents the opportunity to participate in a Gaelic class each day to encourage them to develop their own language skills.

To find out more or to get involved contact Glenda Cairncross on 01971 502420.

## IOMAIRT CHIÙIL ÒIGRIDH - YMI TO CONTINUE

Culture minister Fiona Hyslop has announced the Scottish Government is investing a total of £10 million in the Youth Music Initiative scheme in 2011/12. In a recent news release, she is quoted as saying :

“The Scottish Government is committed to increasing learning through the arts & culture and offering opportunities for young people to develop creative skills – as demonstrated by the Youth Music Initiative, which puts creativity at the heart of learning.”

As this announcement was being made, tutors from Fèisean nan Gàidheal were involved in a variety of YMI activities in schools throughout the Highland Council area. They can now be reassured that the programme will continue for at least another school session and can therefore plan ahead with schools allowing for development and progression within the traditional music programme.

This session the focus is on P5 children in all 187 primary schools who will receive twelve weeks of activities in traditional music. As all P5 pupils regardless of musical ability are involved, schools now incorporate the YMI programme when planning within the Curriculum for Excellence as our programme falls within the four capacities – successful learners, confident individuals, responsible citizens and effective contributors.

This term, many schools have taken the opportunity of involving Fèisean nan Gàidheal tutors in St Andrew's Day celebrations as well as Christmas concert preparations. Bonar Bridge Primary recently held a very successful cèilidh with assistance from Carol-Anne Mackay and Bob Massie.

For more information on the YMI programme in Highland schools contact Rae MacEachern - [rae@feisean.org](mailto:rae@feisean.org)

## 17 DEUGAIRE A' CUR FEUM AIR BÙTHAN-OBRACH GÀIDHLIG ANN AN UIBHIST

Air Dihaoine 29 agus Disathairne 30 Dàmhair fhuair sgoilearan ann an Sgoil Lionacleit an cothrom measgachadh de chur-seachadan a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig airson na sgilean aca a leasachadh anns na h-ealain. Ghabh 17 sgoilear pàirt anns na bùthan-obrach a chaidh a chumail anns an sgoil fhèin.

Bha an tachartas air a ruith le Jenna Mhoireasdan aig Fèisean nan Gàidheal, Màiri Anna Chaimbeul aig Iomairt Ghàidhlig Uibhist a Deas agus Èirisgeigh agus Marion NicMhathain bho Bhuidheann Leasachaidh Òigridh Uibhist a Deas, le Bòrd na Gàidhlig a' cur taic-airgid ris a' phroiseact.

Thairis air an dà latha, a chaidh a chur air bhonn mar sgeama-dearbhadh, fhuair compàirtichean dà thaghadh de na cuspairean a leanas; piobaireachd, dannsa sràide, togail dhealbhan agus òrain Ghàidhlig, le òrain luaidh aig cridhe a' chlas.

B' iad Eòghainn MacEanraig, Sineag Nic an t-Saoir, Ciorstaidh NicAnndrais agus Mòrag NicAonghais a chaidh fhasadh airson na clasaichean a ruith anns a' Ghàidhlig. Bha clann gun Ghàidhlig air am brosnachadh gus faclan ùra ionnsachadh agus dh'fhàs a' chlann na bu dhàna Gàidhlig a bhruidhinn fhad 's a bha an tachartas a' dol air adhart. Dh'obraich a' chlann agus an luchd-teagaisg gu h-èifeachdach còmhla anns na clasaichean air fad. Air feasgar Disathairne rinn gach clas taisbeanadh goirid airson sealltainn do chàch na dh'ionnsaich iad thairis air an dà latha.

Thuir Mairi Anna Chaimbeul, “Bha e iongantach na rinn iad ann an ùine cho goirid agus chòrd e ris a' chloinn na taisbeanaidhean eile fhacinn.

B' e deireadh seachdain air leth soirbheachail a bha seo. Chòrd e ris a' chloinn agus chòrdadh e riutha seo fheuchainn a-rithist, tha seo soilleir bho na measaidhean a chaidh a thilleadh thugainn. Tha sinn airson taing a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig airson taic-airgid a chur ris a' phroiseact seo agus dhan a h-uile duine a bha an sàs anns an tachartas spòrsail a bha seo.”



## 17 YOUNGSTERS MAKE USE OF GAELIC ARTS WORKSHOPS

At the end of October pupils from Sgoil Lionacleit were invited to attend a variety of workshops, taught in Gaelic, as part of a cooperative venture involving development officers from Fèisean nan Gàidheal, Comunn na Gàidhlig and the South Uist Youth Development group. Seventeen youngsters between the ages of 12 and 16 took part.

The pilot scheme, which was funded by Bòrd na Gàidhlig, offered the choice of two workshops from the following: piping, street dance, photography and Gaelic song, focusing on waulking songs for the most part.

A superb team of tutors were employed to lead the workshops. All tutors and participants were encouraged to speak Gaelic throughout the event and those without Gaelic were taught some useful words and phrases.

## FÈIS TRAINING OPPORTUNITIES

In a bid to move our training venues around the country, Fèis Trèanaidh 2011 will be held in Fort William, at the Alexandra Hotel and the nearby Fort William RC Primary School, over the weekend of 12/13 March. Workshops in old favourites such as Child Protection and Risk Assessment, First Aid, Gaelic and a return visit from Gavin Ramsay to tutor in the use of PA systems will be supplemented by new topics such as Music and Song of Lochaber and Autism Awareness. There will also be time made available for networking with other Fèisean, and a cèilidh on the Saturday evening with Ach na Bà.

Tutor Training (at Level 1, 2 and the newly-devised Level 3) will be staying put at Sabhal Mòr Ostaig for the foreseeable future, and will be held on 26/27 February 2011. Andy Thorburn and Val Bryan will lead the workshops with input from specialists in Gaelic and Child Protection.

Further information can be found at: <http://www.feisean.org/Projects/training>

## COTHROM DO DH'ÒIGRIDH UIBHIST CÒMHLAN-CIÙIL ÙR A STÈIDHEACHADH

Air 7 agus 8 Samhain, chaidh bùthan-obrach ùra a chumail ann an Talla Staoinebrig fo stiùir Norrie MhicIomhair a tha a' cluich leis a' chòmhlan Bodega. Bha na bùthan-obrach fosgailte do chloinn anns an àrd-sgoil a tha airson adhartas a dhèanamh ann an obair buidhne. Nochd ochdnan uile gu lèir agus gheibhear taic anns na mìosan ri tighinn bho luchd-teagaisg na Fèise Angusina Mhoireasdan agus Daibhidh Ballantyne airson Còmhlan Fèis Tir a' Mhurain a leasachadh agus a thoirt gu ìre phroifeasanta.

Mar phàirt dhe na clasaichean leantainneach, gheibh iad an cothrom seataichean snasail a chur ri chèile a' cleachdadh farsaingeachd de dh'ionnsramaidean air a bheil iad fhèin eòlach. Tillidh Norrie aig toiseach na h-ath-bhliadhna' airson barrachd stiùiridh a thoirt dhaibh agus thèid cèilidh shònraichte a chumail ann an Talla Staoinebrig airson cothrom cluiche a thoirt dhan bhuidheann.

Tha Comataidh Fèis Tir a' Mhurain air leth taingeil dhan a h-uile duine a tha ag obair gu saor-thoileach airson na clasaichean seo a chur air dòigh agus cuideachd gu Bòrd na Gàidhlig agus Fèisean nan Gàidheal airson taic-airgid a chur ris a' phroiseact.

## PANTO GÀIDHLIG DO CHLANN NAN EILEAN



Bha Meanbh-chuileag, am buidheann dràma-oidheachaidh a tha fo sgiath Fèisean nan Gàidheal, air an rathad seachdain 6 Dùbhlachd, a' toirt an dealbh-chluich "Nollaig Marsaili agus a' Bhleideag Airgid" timcheall thallaichean choimhearsnachd is sgoiltean nan Eilean Siar.

Thairis air seachdain, rinn am buidheann taisbeanaidhean ann am Borgh (Leòdhas), Brèascleit, Steòrnabhagh, Dalabrog, Bàgh a' Chaisteil agus air an Tairbeart. Gu mì-fhortanach, chaill iad madainn ann an Uibhist air sgàth an t-sneachda, ach chaidh oidhche a chur air dòigh ann an Talla Chàirinis gus cothrom a thoirt don òigridh nach d' fhuair ann an dealbh-chluich fhacinn.

Chaidh Marsaili a sgrìobhadh an-uiridh le Calum Ailig, Aonghas agus Dougie, agus 's iad an trìuir sin, agus Jenna, a thug timcheall sgoiltean na Gàidhealtachd e. Am-bliadhna, ge-tà, 's e Sean MacLeòid, à Col Uarach, Leòdhas, a ghabh àite Chalum Ailig air a' chuairt. Tha Sean air clù a choisinn mar chleasaiche òg 's e air nochdadh ann an grunn dhealbhan-cluiche agus anns a' phìos dràma telebhisean Eilbheas.

Tha com-pàirteachas air a bhith a' dol eadar Fèisean nan Gàidheal agus Comhairle nan Eilean Siar a thaobh seirbhisean dràma o chionn dà bhliadhna, agus chaidh a' chuairt seo a mhaoineachadh le CnES. Na bu thràithe air a' bhliadhna chaidh proiseact a chumail ann an sgoiltean Gàidhig Uibhist agus Leòdhais a thug cothrom do chloinn dealbhan-cluiche a chlàradh airson an rèidio.

Meanbh-chuileag, FnG's Theatre-in-Education project, was busy in the Western Isles the week of 6 December, with the pantomime "Marsaili agus a' Bhleideag Airgid" on tour around Western Isles schools and community centres. The tour was funded by Comhairle nan Eilean Siar, and the group carried out eight performances between Lewis and Barra.

2011 will be a busy year drama-wise for FnG, with the annual Lochaber and Argyll schools' drama project due to kick off in January, and plans for a major TIE tour around 50 Gaelic primaries.

### MEALAI BH UR NAIDHEACHD

Congratulations and best wishes go to Calum Alex MacMillan, our Development Manager, who married Angela Kennedy in Inverness on Friday 22 October.

**Fear a bhios fada gun phòsadh,  
Fàsaidh feur is fraoch is fireach air;  
Fear a bhios fada gun phòsadh,  
Fàsaidh feusag mhòr air!**



### CO-LABHAIRT BHLIADHNAIL 2010

Chaidh Co-labhairt Bhliadhnail 2010 a cumail air 24 agus 25 Sultain anns An Ionad Chèilidh ann an Ulapul am-bliadhna. Thàinig muinntir nam Fèisean còmhla airson aithris fhaighinn air a' bhliadhna a dh'fhalbh. Bha ceòl ann bho òigridh Fèis Rois agus dinnear le dannsa às a dèidh. Bha Anndra Dixon, Ceannard ùr Alba Chruthachail, ann còmhla rinn.

Bha còmhradh agus fuinn bho Ali Beag MacLeòid ann, cuairt timcheall a' bhaile agus tadhal air an taigh-tasgaidh Disathairne.

The 2010 Annual Conference took place on 24 & 25 September 2010 in The Cèilidh Place in Ullapool. Many representatives from the Fèisean were in attendance. The guest speaker was Andrew Dixon, the new Chief Executive of Creative Scotland.

The Saturday morning was filled with reminiscences and tunes from Ali Beag MacLeod of Coigach, a visit to the Ullapool Museum, and a guided walk around the village.



Fèisean nan Gàidheal  
Taigh a' Mhill  
Port-Rìgh  
An t-Eilean Sgitheanach  
IV51 9BZ  
Fòn 01478 613355  
Facs 01478 613399  
Post-d brath@feisean.org  
www.feisean.org